

SIR SEORAS ROS

I.

SAN t-seann aimsir b'abhaist do na Gaidheil caoidh mór a dhèanamh mu bhàs ceann-cinnidh, no neach eile air an robh mór spéis. B' e dleasan a' phiobaire an coronach a thogail ri toirm na pioba; dleasan a' bhàird cliù an laoich a chur air fonn nan dàn. B' i so an duais a b' àirde ris an robh dùil aig na flaith-ean Gaidhealach 's an t-saoghal so, maraon duais nam marbh agus misneachadh nam beo; oir cha robh àrd no ìosal gun deidh air deagh bheachd a ghinealaich fein, agus air àite urramach fhaotainn ann an eachdraidh bhuan a dhuthcha.

Tha bàrdachd Oisein luchdaichte le trom thùrsa airson nam marbh gaisgeil a chuir deagh chomhraig 's a thuit 's a bhlàr:—

'Charuill, tog do ghuth gu h-àrd
Air gach linn a bh' ann nach beò;
Caithear oidhe ann am mìn dhàn;
Faighear gàirdeachas 's a' bhròn.
'S iomadh saoi is òigh 'bu chaoin
'Ghluais o thùs a'n Innis-fàil.
Is taitneach dàin air na laoich
O thaobh Alba nam fuaim àrd,